

**CLARSACH AN
DOIRE: DAIN
AGUS ORAIN**

Published @ 2017 Trieste Publishing Pty Ltd

ISBN 9780649550319

Clarsach an Doire: Dain Agus Orain by Niall Macleoid

Except for use in any review, the reproduction or utilisation of this work in whole or in part in any form by any electronic, mechanical or other means, now known or hereafter invented, including xerography, photocopying and recording, or in any information storage or retrieval system, is forbidden without the permission of the publisher, Trieste Publishing Pty Ltd, PO Box 1576 Collingwood, Victoria 3066 Australia.

All rights reserved.

Edited by Trieste Publishing Pty Ltd.
Cover @ 2017

This book is sold subject to the condition that it shall not, by way of trade or otherwise, be lent, re-sold, hired out, or otherwise circulated without the publisher's prior consent in any form or binding or cover other than that in which it is published and without a similar condition including this condition being imposed on the subsequent purchaser.

www.triestepublishing.com

NIALL MACLEOID

**CLARSACH AN
DOIRE: DAIN
AGUS ORAIN**



ABERDEEN UNIVERSITY PRESS.



CLARSACH AN DOIRE:

Dain agus Grain.

LE
NIALL MACLEOID.

Tha mis' a' teachd le beagan rann
'Chur fallt' air inmad Tir nam beann,
'S ged 'tha mo chlarsach lag 'us fann,
Tha 'dhrachd blàth'
Gu 'bhi air aoidheachd fèadh nan gleann
'An tìr nan dhan.

DUNEIDEANN:
MACLACHLAINN AGUS AN STIUBHARTACH.

INBHIRNIS: A. AGUS U. MACCOINNICH.

1883.

280.

f.

952.

ROIMHRADH.

THA e 'n a chleachdadh aig iomadh ùghdar, ann a bhi 'toirt 'oibre fhéin 'an làthair an t-saoghail a' chiad uair, a bhi 'cur a leabhair fodh dhion no fodh theàrmunn neach-eiginn aig am bheil seasamh àrd sònruichte anns an tìr. Ach le mòr spéis agus urram do na h-àrd-inbheich agus na sàr-fhiùghantaich, 's e mo rùn suidhichte CLÀRSACH AN DOIRE a chur fodh chùram agus fodh dhìdeann Chlann nan Gàidheal anns gach ceàrn anns an cluinn iad a guth—agus tha dòchas agam gu 'n tig iomadh latha agus linn mu 'n nochd mo luchd-dùthcha meatachd sam bith ann a bhi 'n an càirdean 's 'n an cùl-taic do shaothair nam bàrd a sheinn, agus nam bàrd a sheinneas, ann an sean chainnt bhlàth, bhinn, urramaich, ar màthar.

Chaidh àireamh de dhuanagan an leabhair so a chur 'an clòdh a cheana, ann am paipeirean-naigheachd na Gàidhealtachd; agus fhuair cuid dhiubh aoidheachd cho caoimhneil agus cho blàth ann an tìr nam beann 's gu 'm bheil iad a nis 'g am meas fhéin aig an tigh mu iomadh gealbhan meadhach, suilbhir, air feadh ghleann agus shrathan an taoibh-tuath. Thug sin, ma ta, agus comhairle chàirdean anns am bu chòir dhomh làn earbsa a bhi agam, misneach dhomh an cruinneachadh ri 'chéile anns an leabhar so.

Ann am measg mo chàirdean lionmhor anns a' bhaile-mhór so tha mi fodh chomain àraid do 'n fhear a rinn

gu toileach a h-uile còmhadh lean ann an deasachadh CLÀRSACH AN DOIRE air son a' ghòdh-bhualaidh : 's e sin an léigh Macghillemhùire, mac a' bhàird urramaich nach maireann, Gobha na Hearadh.

Faodaidh e 'bhi nach 'eil CLÀRSACH AN DOIRE gu h-uile saor bho choire, agus gu 'm bi iomadh neach ag ràdh nach 'eil a fuaim ach fann ann an coimeas ris na clàrsaichean móra binn Gàidhealach a sheinn air thois-each oirre : ach ma bhitheas i 'n a meadhon air uair de 'n ùine 'chur seachad le taitneas do neach sam bith ; no ma 's e 's gu 'n dùisg i aon fhaireachadh beò agus blàth ann an cridhe neach-sìginn aig an bheil tùrsa no tróm-iontinn ; no gu 'n cuir i aon sradag de bheatha ann an cainnt no ann an bàrdachd nan Gàidheal, cha mbas mi gur h-ann 'an tur dhiomhanas a chaidh teudan CLÀRSACH AN DOIRE a chur air ghleus.

N. M.

DUNÉIDEANN, An Cùitein, 1882.



AN CLAR-INNSE.

	SLIOS
A' bhean agam fhin,	86
Aig uaigh Uilleim Reis, am bàrd,	129
Am faigh a' Ghàidhlig bus,	18
Am fear a chaill a leannan,	76
An gille càrn, crùbach,	92
An gleann 's an robh mi òg,	1
An seann fhleasgach,	139
An seilean agus a' chuilcag,	5
An téid thu leam, a rìbhinn òg,	52
An tìr 'bu mhiann leinn,	72
An t-uain,	146
An uaigh,	168
Bàs leanabh na bantraich,	88
Beannachadh leannain,	43
Bidh Seumas leam an nochd,	102
Brosnachadh na Gàidhlig,	40
Clann nan Gàidheal,	153
Coille 'chaoil,	66
Coinncach odhar,	47
Cuairt do Chuitheing,	33
Cumha an t-sean Ghàidheil,	69
Cumha Eilean a' cheò,	116
Cumha leannain,	94
Deoch-slàinte nan cuiridhean,	134
Dòchas,	54
Dol fodha na grèine,	81
Dòmhnall cruaidh agus an ceàrd,	148
Duanag an t-seòladair,	31
Duanag do Bheallaig,	24
Dùghall na sròine,	105

	SLIJA
Dùrachd bliadhu' ùire,	107
Fàilte a' Phaipeir Ghàidhlig,	49
Fàilte do 'n bhliadhn' ùir,	29
Fàilte do 'n Eilean Sgiathanach,	26
Far an robh mi 'n raoir,	79
Freasgradh do litir caraide,	119
Gàidheil an taoibh-tuath,	96
Gu Iain Caimbeal, am bàrd,	123
Gu ma slàn do 'n òig-fhear,	143
Leabhar na cuimhne,	136
Maduinn shamhraidh,	98
Màiri Bhail' a' chrò,	21
M' annsachd,	161
Mo chruinneag Illeach,	113
Mo Dhòmhnullan fhéin,	36
Mo ghaol an rìbhinn,	74
Mo ghràdh do m' dhùthaich fhéin,	90
Na croitearan Sgiathanach,	125
Na Gàidheil,	61
Oran,	45
Oran na sean mhaighdinn,	63
Rainn do nobéinean,	109
Ri taobh na tràigh,	132
Sealladh air Oiscan,	157
Sine Chaluim Bhàin,	10
Their mo sheiridh thar an t-sàile,	100
Tigh a' mhisgeir,	57
Turas Dhòmhnuille do Ghlaschu,	12

TRANSLATIONS—

The deserted Gael,	176
The drunkard's home,	172
The Maid of Ballychro,	169
Where I was yostreen,	179

CLARSACH AN DOIRE.



AN GLEANN 'S AN ROBH MI OG.

AIR FOKN—*"When the kye come hame."*

'N UAIR 'philleas ruinn an samhradh,
Bidh gach doire 's crann fodh chròic;
Na h-eòin air bhàrr nam meanglan
'Deanamh caithreim bhinn le 'n ceòl;
A' chlànn bheag a' ruith le fonn
Mu gach tòrn a' buain nan ròs—
B' e mo mhiann a bhi 's an àm sin
Anns a' ghleann 's an robh mi òg.

Anns a' ghleann 's an robh mi òg,
Anns a' ghleann 's an robh mi òg,
B' e mo mhiann a bhi 's an àm sin
Anns a' ghleann 's an robh mi òg.

'S a' mhaduinn 'n àm dhuinn dùsgadh,
Bhiodh an driùchd air bhàrr an fheòir;
A' chuthag 'us gug-gùg aic'
Ann an doire dlàth nan cnò;